



Teisteanais
Nàiseanta
2021 GOIREAS MEASAIDH

X875/75/11

Nuadh-eòlas

Ùine — 2 uair agus 20 mionaid

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — DEAMOCRASAIHD ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharra

Feuch AN DARA CUID Pàirt A AGUS Ceist 7 NO Pàirt B AGUS Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaидh ann an Alba	<i>duilleagan 02</i>
Pàirt B	Deamocrasaидh anns an Rìoghachd Aonaichte	<i>duilleagan 03</i>
Ceist 7		<i>duilleagan 04–06</i>

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharra

Feuch AN DARA CUID Pàirt C AGUS Ceist 14 NO Pàirt D AGUS Ceist 14

Pàirt C	Cion cho-ionannas shòisealta	<i>duilleag 07</i>
Pàirt D	Eucoir agus an lagh	<i>duilleag 08</i>
Ceist 14		<i>duilleagan 09–11</i>

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 28 comharra

Feuch AN DARA CUID Pàirt E AGUS Ceist 21 NO Pàirt F AGUS Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghal	<i>duilleagan 13</i>
Pàirt F	Cùisean an t-saoghal	<i>duilleagan 14</i>
Ceist 21		<i>duilleagan 16–19</i>

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 8 7 5 7 5 1 1 *

**ROINN 1 — DEAMOCRASAIHD ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE —
26 comharra**

Feuch AN DARA CUID Pàirt A **AGUS** Ceist 7 NO Pàrt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaith ann an Alba	<i>duilleag 02</i>
Pàrt B	Deamocrasaith san Rìoghachd Aonaichte	<i>duilleag 03</i>
Ceist 7		<i>duilleagan 04–06</i>

PÀIRT A — DEAMOCRASAIHD ANN AN ALBA

Anns na freagairtean agad airson Ceistean 1, 2 agus 3 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid à Alba a thoirt seachad.

Ceist 1

Tha iomadh dreuchd aig a' Phrìomh Mhinstear.

Thoir cunntas mionaideach air dà dhreuchd a tha aig a' Phrìomh Mhinstear.

4

Ceist 2

Chan eil uiread de riochdachadh 's a bu chòir aig boireannaich ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Mìnich, **gu mionaideach, dà adhbhar** nach eil an riochdachadh a bu chòir aig boireannaich ann am Pàrlamaid na h-Alba.

6

Ceist 3

Bidh cuid de dhaoine ann an Alba a' dol an sàs ann am buidhnean iomairt no ann an aonaidhean ciùird.

Mìnich, **gu mionaideach, dà adhbhar** a tha daoine ann an Alba 's dòcha a' dol an sàs ann am buidheann iomairt **no** ann an aonadh ciùird.

6

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

PÀIRT B — DEAMOCRASAIDH ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE

Anns na freagairtean agad do Cheistean 4, 5 agus 6 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 4

Tha iomadh dreuchd aig a' Phrìomhaire.

Thoir cunntas mionaideach air dà dhreuchd a tha aig a' Phrìomhaire.

4

Ceist 5

Chan eil uiread de riochdachadh 's a bu chòir aig boireannaich ann am Pàrlamaid na RA.

Mìnich, gu mionaideach, dà adhbhar nach eil an riochdachadh a bu chòir aig boireannaich ann am Pàrlamaid na RA..

6

Ceist 6

Bidh cuid de dhaoine san Rìoghachd Aonaichte a' dol an sàs ann am buidhnean iomairt no ann an aonaidhean ciùird.

Mìnich, gu mionaideach, dà adhbhar a tha daoine san Rìoghachd Aonaichte 's dòcha a' dol an sàs ann am buidheann iomairt no ann an aonadh ciùird.

6

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air duilleag 04]

Ceist 7

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

Tha thu nad neach-comhairleachaidh aig riaghaltas na RA. Tha agad ri moladh a dhèanamh air am bu chòir an aois bhòtaidh a leagail gu 16 ann an taghaidhean coitcheann san RA.

Roghainn 1

Leag an aois bhòtaidh gu 16

Roghainn 2

Na leag an aois bhòtaidh gu 16

STÒR 1

Eachdraidh


Tha mòran dhaoine ann an Alba dhen bheachd gum bu chòir an aois bhòtaidh ann an taghaidhean coitcheann na RA a leagail gu 16. Ann an Alba, tha cead aig daoine a tha 16 agus 17 bhòtadh ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba agus ann an taghaidhean nan comhairlean ionadail. Ann an 2022, bidh cead aig daoine a tha 16 agus 17 sa Chuimrigh bhòtadh ann an taghaidhean an t-Seanaidh. Ach tha daoine eile dhen bheachd nach eil daoine a tha 16 fhathast nan inbhich agus nach bu chòir cead a bhith aca bhòtadh ann an taghaidhean coitcheann.

- Tha cuid a' cumail a-mach gu bheil e cudromach gum bi daoin' òg a' toirt am beachd air cùisean a tha a' buntainn riutha gu dìreach, leithid cìsean oideachaидh agus càram slàinte.
- Ann an 2007, b' i An Ostair a' chiad dùthaich a leag an aois bhòtaidh gu 16, agus dh'adhbharaich sin gun robh barrachd dhaoin' òga a' gabhail pàirt ann am poilitigs.
- Bha dùil gum bhòtadh a' mhòr-chuid de dhaoine a bha 16 san aon dòigh san do bhòt am pàrantan, no gum bhòtadh iad an taobh eile a dh'aon ghnothaich. Ach lorg sgrùdadh air reifreann neo-eisimeileachd na h-Alba gun robh daoin' òga air chomas tighinn gu co-dhùnadh fiosraichte air mar a bhòtadh iad seach a bhith a' dèanamh an aon rud 's a rinn an co-aoisean no am pàrantan.
- An àite an aois bhòtaidh a leagail gu 16 airson a bhith a rèir chòraichean mar gabhail dhan arm agus pòsad, tha cuid dhen bheachd gum bu chòir dhan riaghaltas smaoineachadh air an aois airson nan còraichean sin a chur suas gu bhith co-ionann ris an aois bhòtaidh a tha ann an-dràsta.
- Ann an reifreann neo-eisimeileachd na h-Alba, chlàraich 109,593 de dhaoine a bha 16 agus 17 airson bhòtadh agus bhòt 75% dhen bhuidheann san reifreann. A bharrachd air sin, thuir 97% dhen fheadhainn a bhòt san reifreann gun leanadh iad orra a' bhòtadh an dèidh sin.
- Tha iomadh deamocrasaidh ùr an-diugh, mar A' Ghearmailt, Brasil agus Malta, a' leigeil le daoine a tha 16 agus 17 bhòtadh ann an cuid de thaghaidhean no sa h-uile taghadh.
- Dh'fheuch Nirribhidh ris an aois bhòtaidh a leagail, ach cha do chleachd a h-uile deugair a' chòir bhòtaidh aca.
- San taghadh choitcheann san RA ann an 2017 cha do bhòt ach 54% dhen bhuidheann a b' òige, fheadhainn a bha 18-24, an coimeas ris an àireimh chuibheasaich de 69% a bhòt.

Ceist 7 (a' leantainn)

STÒR 1

A bheil thu airson no an aghaidh an aois bhòtaidh a leagail gu 16 bliadhna?



Beachdan phàrtaidhean poilitigeach air an aois bhòtaidh a leagail gu 16 bliadhna



- Tòraidhean na h-Alba
- Libearalaich Dheamocratach
- Am Pàrtaidh Uaine
- Am Pàrtaidh Làbarach
- SNP

Aois bhòtaidh as ìse air feadh an t-saoghal

Aois bhòtaidh	Àireamh dhùthchannan
16	10
17	3
18	165
19	1
20	5
21	8

Ceist 7 (a' leantainn)

STÒR 3

Beachdan

Chan e beachd ùr a th' ann an leagail aois a' bhòtaidh. Bha e glè shoirbheachail, agus bhòt àireamh mhòr airson a' chiad uair, ann an taghaidhean na h-Alba o chionn ghoirid. Bha e soirbheachail cuideachd ann an dùthchannan eile a cho-dhùin gun toireadh iad daoin' òg a-steach air a' phròiseas co-dhùnaidh. A bharrachd air sin, fhuair leagail aois a' bhòtaidh ann an taghaidhean coitcheann taic thar-phàrtaidh. Sheall iomadh rannsachadh, ma tha daoine a' tòiseachadh air bhòtadh aig aois òg gum bi bhòtadh na chleachdad aca an dèidh sin, agus gu bheil iad nas buailtiche leantainn orra a' bhòtadh nan inbhich. Dhearbh an taghadh coitcheann san RA ann an 2017 gu bheil daoin' òg an sàs ann am poilitigs, leis an àireimh bu mhotha a' bhòtadh de dhaoine a bha 18-24 na bhòt fad 25 bliadhna roimhe sin.

Clare Connelly, aois 16

Chan eil taic phoblach idir ann airson cead a thoirt do dhaoine a tha 16 bhòtadh ann an taghaidhean coitcheann san RA. Cha bhiodh e gu mòran feum an aois a leagail nuair nach eil eòlas gu leòr aig daoine a tha 16 air cùisean air am biodh iad a' bhòtadh, mar obraichean, cìsean no peinnseanan. Chan eil ach glè bheag de dhùthchannan air an t-saoghal sa bheil aois bhòtaidh de 16. Tha sin a' sealltainn gu bheil seo ro òg airson dleastanas cho cudromach. Chan eil barrachd a' bhòtadh ann an dùthchannan a leag an aois bhòtaidh. Tha seo cuideachd a' dearbhadh nach eil dha-rìribh an t-eòlas aig daoine a tha 16 agus 17 airson an dleastanais seo. 'S ann sa bhuidheann a tha 18-24 a tha an àireamh as luga de bhuidheann sam bith a bhios a' bhòtadh ann an taghaidhean san RA.

Geoff Crosby, aois 45

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, **an dara cuid** an aois bhòtaidh a leagail gu 16 (**Roghainn 1**) no gun an aois bhòtaidh a leagail gu 16 (**Roghainn 2**).

- (i) A' cleachdad Stòran 1, 2 agus 3, **dè an roghainn a thaghadh tu?**
- (ii) Thoir adhbharan a bheir taic dhan roghainn agad.
- (iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran uile.

10

[A-nis theirig gu ROINN 2 air duilleag 07]

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch AN DARA CUID Pàirt C AGUS Ceist 14 NO Pàirt D AGUS Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	<i>duilleag 07</i>
Pàirt D	Eucoir agus an lagh	<i>duilleag 08</i>
Ceist 14		<i>duilleagan 09–11</i>

PÀIRT C — NEO-IONANNACHD SHÒISEALTA

Anns na freagairtean agad do Cheistean 8, 9 agus 10 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 8

Tha leth-bhreith ag adhbharachadh neo-ionannachd shòisealta agus eaonamach.

Thoir cunntas mionaideach air dà dhòigh sa bheil leth-bhreith ag adhbharachadh neo-ionannachd shòisealta agus eaonamach.

4

Ceist 9

Tha iomadh buaidh aig neo-ionannachd shòisealta agus eaonamach air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

Thoir cunntas mionaideach air dà bhuaidh a tha aig neo-ionannachd shòisealta agus eaonamach air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

6

Ceist 10

Tha riaghaltasan èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd shòisealta agus eaonamach.

Mìnich, gu mionaideach, dà adhbhar a tha riaghaltasan èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd shòisealta agus eaonamach.

6

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 09*]

PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

Anns na freagairtean agad do Cheistean 11, 12 agus 13 bu choir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rioghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 11

Faodaidh factaran eaonamach eucoir adhbharachadh.

Thoir cunntas mionaideach air dà adhbhar eaonamach a dh'fhaodas eucoir adhbharachadh.

4

Ceist 12

Tha eucoir a' toirt iomadh buaidh air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

Thoir cunntas mionaideach air dà bhuaidh a tha eucoir a' toirt air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

6

Ceist 13

Tha na poilis ann an Alba èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

Mìnich gu mionaideach, dà adhbhar a tha na poilis ann an Alba èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

6

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 09*]

Ceist 14

Dèan sgrùdadadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Eucoir san RA

Tha an t-artaigil seo a' sealltainn staitistigs nàiseanta airson eucoirean agus cùisean mì-laghail a chlàraich na poilis ann an 2019. Chan eil na h-eucoirean clàraichte a' sealltainn nan eucoirean gu lèir a thachair oir chan eil na poilis a' faighinn fios mun h-uile eucoir a thachras. Ann an 1991, chaidh còrr is 500,000 eucoir a chlàradh ann an Alba, ach ann an 2019 bha an àireamh na bu lugha na 250,000. Bidh e coltach gu bheil daoine ann an Alba a' fàs nas misneachaile mu bhith ag innse mu eucoirean sònraichte. Mar sin tha na h-àireamhan airson eucoir nas coltaiche ris an eucoir a tha daoine a' dèanamh ann an Alba.


Chaidh an àireamh de dh'eucoirean gnèitheasach a chaidh a chlàradh ann an Alba suas 10% bho 9,796 gu 10,822. Bha pàirt dhen àrdachadh seo air sgàth 's gun tàinig eucoir ùr a-steach a thaobh a bhith a' foillseachadh dealbh neo-ionchaidh, no a' maoidheadh fhoillseachadh. Dh'adhbharaich seo gun deach 417 eucoirean a chlàradh fo Achd an Droch Ghiùlain agus Cron Gnèitheasach (Alba) 2016. Chaidh eucoirean gnèitheasach am meud cuideachd ann an Sasainn agus anns a' Chuimrigh o chionn beagan bhliadhna than. Ach cha do thachair seo idir ann an Èirinn a Tuath far nach deach eucoirean gnèitheasach suas idir.

Taghadh de staitistigean son eucoir

	Eucoirean gnèitheasach	Mèirle	Eucoirean eile	Eucoirean clàraichte
Alba	10,822	1,543	57,692	238,406
Sasainn	138,045	68,986	1,285,455	5,312,006
A' Chuimrigh	3,158	1,976	54,777	219,111
Èirinn a Tuath	2,336	895	18,681	98,076

Ceist 14 (a' leantainn)

STÒR 2



*Murt = duine a' marbhadh duine eile

STÒR 3



FÒIRNEART A' DOL SÌOS


Tha àireamhan eucoirean a chaidh fhoillseachadh an-dè a' sealltainn gu bheil an àireamh ann an Alba fhathast fo 250,000, lùghdachadh de 35% bho 2009. Tha na h-àireamhan cuideachd a' sealltainn nach robh ann ach 56 muirt ann an 2019, aon de na h-ìrean as ìsle bho thòisich clàradh anns na 1970n.

Tha seo a' ciallachadh gu bheil an gluasad fhathast a' leantainn a thaobh murt a bhith a' dol sìos. Chuir Rùnaire a' Cheartais cuideam air seo ann an òraid o chionn ghoirid - 'Bha buaidh mhòr aig fòcas Riaghaltas na h-Alba air eucoir le fòirneart a bheagachadh ann an Alba, agus 's e fior cheum air adhart a bh' ann nuair a chaidh an t-Aonad airson Lùghdachadh Fòirneirt fosgladh ann an Glaschu'.

Ach ge-tà, sheall na h-àireamhan ùra a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba gun robh àrdachadh mòr de 24% ann an cùisean èigneachaidh. Bha an àireamh aig an ìre a b' àirde a bha i riamh aig 2178 – le dhà às gach còig dhe na gearanan air am meas 'eachdraidheil'.

Tha na staitistigean seo a' nochdadadh dà atharrachadh a thàinig air Alba taobh a-staigh ginealaich: an lùghdachadh ann am fòirneart thar nan deich bliadhna mu dhereadh agus gu bheil barrachd misneachd aig daoine gu bhith ag innse dha na poilis mu eucoir gnèitheasach - mar eisimpleir an leudachadh san iomairt #metoo anns na meadhanan sòisealta.

Chan ann a-mhàin ann an Alba a tha an t-atharrachadh seo. Tha lùghdachadh mòr cuideachd ann an eucoir le fòirneart sa Chuimhrigh, agus tha àrdachadh san àireimh de eucoirean gnèitheasach air an clàradh aig na poilis air a dhol am meud san RA gu lèir.



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu gach aon de na leanas

- ìre muirt ann an Alba
- eucoirean gnèitheasach ann an Alba an coimeas ri Èirinn a Tuath
- eucoir air a chlàradh ann an Alba
- an dùthaich san RA leis an ìre eucoir as coltaiche ri Alba.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith le taic fianais bho na stòran. Bu chòir dhut fiosrachadh an taobh a-staigh agus eadar na stòran a cho-cheangal mar thaic do na co-dhùnaidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **tri** stòran uile.

Feuch AN DARA CUID Pàirt E AGUS Ceist 21 NO Pàirt F AGUS Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	<i>duilleagan 12–13</i>
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	<i>duilleagan 14–15</i>
Ceist 21		<i>duilleagan 16–19</i>

PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

Anns na freagairtean agad airson Ceistean 16, 17, 18 agus 19 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt bho chumhachd an t-saoghail a sgrùd thu.

Ceist 15

Faodaidh gach neach fa leth pàirt a ghabhail san t-siostam phoilitigeach aca.

Thoir cunntas **mionaideach** air dà dhòigh anns am faod daoine pàirt a ghabhail anns an t-siostam phoilitigeach aca.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a sgrùd thu.

4

Ceist 16

Dh'fheuch cumhachdan an t-saoghail air dèiligeadh ri cùisean sòisealta agus eaconamach.

Thoir cunntas **mionaideach** air dòlgh anns an do dh'fheuch cumhachdan an t-saoghail air dèiligeadh ri cùisean sòisealta **agus** eaconamach.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a sgrùd thu.

6

[Feuch AN DARA CUID Ceist 17(a) NO 17(b) air *duilleag 13*]

Feuch AN DARA CUID Ceist 17(a) NO 17(b) air

Ceist 17

(a)

Tha cuid de bhuidhnean nach eil cho soirbheachail ri cuid eile mar thoradh air cùisean sòisealta agus eaonamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson nach eil cuid de bhuidhnean cho soirbheachail ri cuid eile mar thoradh air cùisean sòisealta agus eaonamach.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a sgrùd thu.

Bu chòir dhut **trì adhbharan**, aig a' char **as mothà**, a thoirt nad fhreagairt.

8

NO

(b)

Bidh cumhachdan an t-saoghal a' feuchainn ri buaidh a bhith aca air dùthchannan eile ann an grunn dhòighean.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a bhios cumhachdan an t-saoghal a' feuchainn ri buaidh a bhith aca air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a sgrùd thu.

Bu chòir dhut **trì dòighean**, aig a' char **as mothà**, ainmeachadh.

8

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 16*]

PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

Anns na freagairtean agad airson Ceistean 18, 19 agus 20 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad bho chùis san t-saoghal a sgrùd thu.

Ceist 18

Tha adhbharan poilitigeach aig còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta.

Thoir cunntas mionaideach air dà adhbhar poilitigeach airson còmhstri no cùis a sgrùd thu.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis a sgrùd thu.

4

Ceist 19

Tha buidhnean eadar-nàiseanta an dà chuid air soirbheachadh agus air fàilligeadh ann a bhith a' dèiligeadh ri còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta.

Thoir cunntas mionaideach air dà dhòigh anns an do shoirbhich, **no** anns an do dh'fhàillig, buidheann eadar-nàiseanta ann a bhith a' dèiligeadh ri còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta a sgrùd thu.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a sgrùd thu.

6

[Feuch AN DARA CUID Ceist 20(a) NO 20(b) air duilleag 15]

Feuch AN DARA CUID Ceist 20(a) NO 20(b) air

Ceist 20

(a)

Tha iomadh buaidh aig còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta.

Mìnich gu mionaideach carson a bha iomadh buaidh aig a' chòmhstri no aig a' chùis eadar-nàiseanta a sgrùd thu.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis a sgrùd thu.

Bu chòir dhut trì adhbharan, aig a' char as mothà, a thoirt nad fhreagairt.

8

NO

(b)

Bidh buidhnean eadar-nàiseanta a' feuchainn ri fuasgladh fhaighinn air còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta.

Mìnich gu mionaideach carson a bhiodh buidhnean eadar-nàiseanta a' feuchainn ri fuasgladh fhaighinn air còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta a sgrùd thu.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis a sgrùd thu.

Bu chòir dhut trì adhbharan, aig a' char as mothà, a thoirt nad fhreagairt.

8

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air duilleag 16]

Ceist 21

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1**Fiosrachadh mu Na h-Innseachan**

Tha àireamh-slugaigh nan Innseachan aig còrr is 1·2 billion a' fàs, agus tha daoine a' coimhead airson soirbheachadh sòisealta, eaconamach agus poilitigeach. A rèir luchd-economachd eadar-nàiseanta, nam biodh boireannaich sna h-Innseachan co-ionann ri fireannaich, bhiodh còrr is trillean dolair de bhuanachd ann dhan eaconomaidh. Tha Na h-Innseachan san 139mh àite san t-saoghal a thaobh co-ionannachd eaconamach do bhoireannaich a rèir Fòram Eaconamach na Cruinne. Tha beàrn tuarastail de 24.8% sna h-Innseachan.

Tha tàrr laghan aig riaghaltas nan Innseachan airson daoine a dhòn agus airson comann-sòisealta co-ionann a chruthachadh. Tha lagh ann airson dèanamh cinnteach gum faigh daoine tuarastal co-ionann airson obair cho-ionann, agus cuideachd airson stad a chur air leth-bhreith nan obair. Bidh boireannaich a' gabhail pàirt ann am poilitigs sna h-Innseachan agus tha an dùthaich sa 15mh àite à 144 dùthchannan airson boireannaich a bhith a' gabhail pàirt. Bhòt barrachd bhoireannaich na fireannaich ann an 16 dhe na 29 stàitean sna h-Innseachan.

Chaidh co-ionannachd gnè ann am foghlam ro 2015 a thoirt do Riaghaltas nan Innseachan mar Amas Leasachaидh a' Mhillennium. Bha seo air sgàth 's gun robh an àireamh bheag a bha ann am foghlam air a mheas mar phriomh laigse ann an leasachadh nan Innseachan. Ach tha reatan litearrachd fhathast nan adhbhar iomagain oir chan eil ach 60% de nigheanan comasach air leughadh is sgriobhadh an coimeas ri 81% de bhalaich.

Gu traídiseanta, b' fheàrr le teaghlaichean Innseanach balaich a bhith aca. Bha sin a' ciallachadh gun robh cupaill ag iarraidh balach airson traídisean teaghlaich a chumail a' dol. Mar thoradh air sin, bha reat-bàis leanaban a bha nan nigheanan na b' àirde. Bha mòran dhen bheachd gun robh cuid de nigheanan air am fàgail airson bàsachadh. Bha iomadh teaghlaich Innseanach a' dol an aghaidh seo. Ach ge-tà, tha balaich fhathast air am faicinn mar bhuanachd agus nigheanan mar chosgais. Glè thric, tha dùil fhathast gum pàigh teaghlaich na h-ìghne tochradh (sùim airgid) do theaghlaich an duine aice nuair a phòsas i.

Ceist 21 (a' leantainn)


STÒR 2

Slàinte sna h-Innseachan			Dàta slàinte eile	
Adhbhar bàis (%)	Boireannaich	Fireannaich	Nigheanan	Balaich
Galaran diarrhoea	6·3	4·2	Bàs leanaban (Bàsan gach 1000 leanabh)	39
Tinneas cridhe	20·1	25·1		36
Tinneas sgamhain	4·2	3·7		

Foghlam sna h-Innseachan (%)			An eaconamaidh	
	Nigheanan	Balaich	Boireannaich	Fireannaich
Bun-sgoil	92·9	91·7	Cunntas-banca	26%
Àrd-sgoil	62·2	61·4	Tuarastal cuibheasach san uair (rupees)	44%
Colaiste no oilthigh	26·7	27·0		196
				242

Ceist 21 (a' leantainn)

STÒR 2 (a' leantainn)



	Salman	o chionn 6 uairean a thìde
	A dh'aindeoin laghan a tha a' dol air ais deichead bhliadhachan, chan eil boireannaich sna h-Innseachan fhathast co-ionann oir, glè thric, chan eil na poilis no na coimhleasachdan a' cumail ris na laghan.	
	Rani	o chionn 12 uair a thìde
	Feumaidh comann-sòisealta co-ionann a bhith againn airson a bhith cinnteach gum bi buannachd ann dhan h-uile duine. Far a bheil co-ionannachd, tha comainn-shòisealta nas beartiche agus nas toilichte.	
	Vidya	an-dè
	Tha boireannaich a' dèanamh adhartas uabhasach math gu poilitigeach, agus bhòt còrr is 260 millean dhiubh san taghadh o chionn ghoirid.	
	Aamar	o chionn 3 latha
	Tha càraichean bhoireannaich air an dòn le iomadh lagh sna h-Innseachan.	
	Sonny	o chionn 6 latha
	Tha beàrn tuarastail nan gnèithean air aon dhen fheadhainn as motha air an t-saoghal. Tha seo a' cur bacadh air adhartas do bhoireannaich aig gach ire.	
	Sherry	an t-seachdain sa chaidh
	Tha mi toilichte gu bheil e coltach a-nis gum bi nigheanan san sgoil a bharrachd air balaich.	
	Cleo	a' mhìos sa chaidh
	San fharsaingeachd, tha slàinte bhoireannaich fhathast air dheireadh air slàinte fhireannaich. Feumar barrachd airgid a chosg airson galaran a bheagachadh. Ach tha dùil-aoise bhoireannaich a' sìor-fhàs nas fheàrr.	

Ceist 21 (a' leantainn)

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, thoir adhbharan a tha a' cur taic agus a tha an aghaidh beachd Minah Chopra.

Tha co-ionannachd a-nis aig boireannaich sna h-Innseachan.

Beachd Minah Chopra

Nad fhreagairt feumaidh tu

- fianais a thoirt bho na stòran a tha a' cur taic ri beachd Minah Chopra.

agus

- fianais a thoirt bho na stòran a tha an aghaidh beachd Minah Chopra.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **tri** stòran uile.

10

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO